

Stiùireadh air riarachadh phrògraman ionnsachaidh agus teisteanasan ann an Gàidhlig no Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)

Ro-ràdh

Tha cùrsaichean fa leth do dh'fhileantaich agus luchd-ionnsachaidh air an tairgsinn, leis an fheadhainn do luchd-labhairt a tha fileanta leis an tìotal 'Gàidhlig'. Tha SQA ga mheas mar dhleastanas an ùghdarras buileachaidh, tagraichean a riarachadh gu cùrsaichean is deuchainnean Gàidhlig no Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh).

Stiùireadh a thaobh riarachaidh

Bu chòir do riarachadh air sgoilearan gu prògraman ionnsachaidh sònraichte a bhith mar bhuil air pròiseas thionalach, a' gabhail a-steach:

- ♦ amharc agus luachadh leis a' bhun-sgoil
- ♦ amharc agus luachadh le tidsearan Gàidhlig aig àm inntigidh gu àrd-sgoil
- ♦ co-chomhairleachadh eadar luchd-obrach bun-sgoile is àrd-sgoile
- ♦ co-chomhairleachadh eadar sgoiltean is pàrantan

Bu chòir do na sgoilearan a leanas a bhith air an riarachadh gu cùrsaichean Gàidhlig aig àm inntigidh gu ÀS1:

- ♦ sgoilearan a tha air an oideachadh gu h-iomlan tro mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil
- ♦ sgoilearan a tha air an oideachadh sa mhòr-chuid tro mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil
- ♦ sgoilearan le eòlas seasmhach air prògraman foghlaim dà-chànanach sa bhun-sgoil
- ♦ sgoilearan a tha bho dhualchas Gàidhlig agus comasach air Gàidhlig a labhairt ged nach robh ach glè bheag buntanas aca, ma bha idir, don chànan sa bhun-sgoil

Bu chòir do na sgoilearan a leanas a bhith air an riarachadh gu cùrsaichean Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) aig àm inntigidh gu ÀS1:

- ♦ sgoilearan a tha air prògraman ionnsachaidh Gàidhlig luchd-ionnsachaidh a leantainn sa bhun-sgoil
- ♦ sgoilearan le glè bheag eòlais, no gun eòlas idir, air a' chànan

Faodaidh comas labhairt sgoilearan sa chànan a bhith na chomharra luachmhor air an càileachd chànanach ach feumaidh measadh sam bith air sgilean labhairt a bhith air a

ghabhail os làimh a rèir fiosrachaidh air an ìre cànanais aca, a bu chòir a bhith an lùib fiosrachaidh aig àm eadar-ghluasaid bho bhun-sgoiltean gu na h-àrd-sgoiltean buntainneach aca. Tha an co-dhùnadh deireannach a thaobh riarachaidh gu aon chùrsa no cùrsa eile an urra ris an àrd-sgoil, le cunntas dlìgheach ga ghabhail air measadh na bun-sgoile.

Nuair a tha beàrn ann an cothrom air a' chànan, mar eisimpleir ann an suidheachadh far a bheil tagraichean air an oideachadh tro mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil ach gun fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an ÀS1 – ÀS3/4, bu chòir am meas iomchaidh fhathast mar thagraichean airson cùrsaichean Gàidhlig, ged a dh'fhaodadh feum a bhith aca air taic a bharrachd sna h-ìrean nas tràithe. Bu chòir inntrigeadh aig an ìre fhreagarrach a bhith air aontachadh tro dheasbad leis an ionad buileachaidh.

Bu chòir a dhaingneachadh, anns a' mhòr-chuid de chùisean, gum bi riarachadh aig ìre ÀS1 soilleir agus gun dùbhlàn. Ann an cùisean far a bheil teagamh ag èirigh, thathar a' moladh gun gabh riarachadh cunntas air amharc agus luachadh le tidsearan Gàidhlig aig àm inntrigidh gu ÀS1, agus bu chòir riarachadh mì-chinnteach gu cùrsa Gàidhlig a bhith dèante. Sholaraidheadh a leithid sin de phròiseas mu choinneamh ath-riarachaidh sam bith a dh'fhaodadh a bhith riatanach, a bu chòir tachairt cho luath 's a ghabhas ann an ÀS1. Tha eòlas a' taisbeanadh nach biodh anacothrom sam bith na lùib do thagraichean a bhith air an cur air a' chùrsa Ghàidhlig airson àm cuibhrichte.

Faodaidh tagraichean a tha air teisteanas Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) a chosnadh a dhol air adhart gu teisteanasan ann an Gàidhlig. Ach, cha bu chòir do thagraichean a tha air prògram ionnsachaidh seasmhach ann an Gàidhlig a leantainn, a bhith air an cur air adhart airson teisteanasan Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh), nach eil air an leasachadh mar roghainn a tha bunaiteach no nas ruigsinniche do thagraichean aig a bheil comasachdan gu leòr a-cheana sa chànan.

Conaltradh le pàrantan

Bu chòir fiosrachadh a chumail ri pàrantan mu inbhe cànanais an tagraiche aig gach ìre. Bu chòir seo a dhèanamh bho thoiseach foghlam bun-sgoile ann an co-theacs a' Churraicealam airson Sàr-mhathais. Bu chòir pàrantan a dhèanamh mothachail do na buannachdan oideachail a tha co-cheangailte ri tagraichean a bhith air an riarachadh gun chùrsa cheart, air sgàth an diofar anns na thathar a' sùileachadh bhon dà chùrsa.

Inntrigeadh airson deuchainnean

Bidh SQA a' gabhail ris gu bheil tagraichean a tha air an cur a-steach airson deuchainnean ann an Gàidhlig agus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) air an riarachadh gu h-iomchaidh leis na h-ùghdarrasan buileachaidh, ann an co-rèir ris an stiùireadh san sgrìobhainn seo.



Business Development
T: 0303 333 0330 E: mycentre@sqa.org.uk
W: www.sqa.org.uk/businessdevelopment

BD7260

June 2016